

## Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

3/11/20, Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:                   Donaidh MacAmhlaidh (sa Chathair)     Iain Mac a’ Mhaoilein  
                              Marion Nic na Ceàrdaich                             Ceit-Anna NicLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
                              Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)  
                              Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gniomhachais)  
                              Nicola Pearson [NP] (Cunntasair)  
                              Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas)

### 1.     **Leisgeulan**

1.1    Cha robh gin.

### 2.     **Gnothaichean Dearbhte**

2.1    Cha robh gin.

### 3.     **Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (1/9/20)**

3.1    Molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Iain Mac a’ Mhaoilein.

### 4.     **Gnothaichean ag èirigh**

4.1    (7.4) – trèanadh an sgioba àrd-stiùiridh – chaidh innse gu bheileas ann an còmhraidhean leis a’ bhuidheann *People Matters* airson prògram obrach ceannardais (executive leadership programme) le dùil gun gabh an trèanadh àite thairis air Faoilleach gu Màrt 2021.

### 5.     **Clàr Riosgan**

5.1    Bhruidhinn DMD mun phàipear, a’ mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan agus a’ mìneachadh gur e an t-suidheachadh co-cheangailte ri Covid-19 fhathast am prìomh riosg ri làimhseachadh. Chaidh deasbad a chumail mun chlàr air fad agus b’ e na prìomh phuingeann còmhraidh:

- 5.2 Leis gu bheil e soilleir gu bheil suidheachadh Covid gu bhith maireannach tha an sgioba a' cur fòcas air planadh meadhan-ùine/fad-ùine, gu h-àraid suidheachadh luchd-obrach ag obair bhon taigh nas fhaide na bhathas an dùil; siostam sàbhailteachd airson barrachd obair riatanach a dhèanamh san oifis/studio; a' taiceachadh an luchd-obrach gu practaigeach agus bho thaobh slàinte-inntinn; a' cumail sùil air buidseatan agus ag atharrachadh bhuidseatan ri linn fo-chosgaisean far a bheil sin iomchaidh; a' cumail taic ris a' ghnìomhachas airson riochdachaidh agus sruth phrògraman a chumail a' dol.
- 5.3 Plana luchd-ùidhe (Riosg #11) - thathas a' leasachadh Plana luchd-ùidhe agus bidh pàipear air beulaibh a' Bhùird aig coinneamh na Samhna.
- 5.4 BBC ALBA (Riosg #12) - a thaobh ro-innleachd Susbaint Ioma-Ùrlair thathas ag aithneachadh gu bheil dùbhlain ann a thaobh *discoverability* air-loidhne airson stuthan didseatach nan craoladairean poblach san fharsaingeachd, agus stuthan Gàidhlig gu sònraichte, agus thèid mòr-chudrom a chur air gnìomhan gus seo a leasachadh.
- 5.5 Dìonachd IT (*cyber-security*) (Riosg #4) – thathas ag ullachadh poileasaidh sònraichte airson dèiligeadh leis a' chuspair seo airson aire a' Bhùird, a' leantainn comhairle bho Riaghaltas na h-Alba gum bu chòrr buidhnean poblach a bhith a' measadh cyber-security mar riosg aig ìre bùird. Thèid obair a dhèanamh air an seo in-thaigh le eòlaichean gan toirt a-steach ma tha feum agus thig pàipear air beulaibh na Comataidh. (Gnìomh: DMD)
- 5.6 Riaghlachas (Riosg #6) – thèid deasbad a chumail air Frèam-obrach/Mapa Dearbhaidh fo phuing 13.
- 5.7 Tha trèanadh manaidsearan loidhne a' gabhail àite airson na h-ath ghrunna mhìosan.
- 5.8 Ri linn suidheachadh Covid-19 tha na h-Àrd-Riochdairean ann an còmhraidhean gu cunbhalach le riochdairean gus sùil gheur a chumail air planaichean ma thig an dàrna glasadh-sluaigh agus mar a tha iad a' dèiligeadh ris an *Tier System* agus na duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith an lùib sin.
- 5.9 Tha conaltradh agus coinneamhan a' leantainn am measg an luchd-obrach le bhith a' cleachdadh teicneòlais.
- 5.10 Tha conaltradh le riochdairean soirbheachail, le forum ùr a chaidh a chruthachadh air Teams. Thathas a' faighinn fios air ais bho riochdairean gu bheil cùisean duilich aig amannan agus a' toirt nas fhaide aig amannan ach bidh iad deiseil susbaint eadar-dhealaichte a chruthachadh le comhairle feumail ri fhaighinn bhon ghnìomhachas dhaibh air ciamar as fheàrr a làimhsicheas iad cùisean.
- 5.11 Bho chaidh am pàipear seo a sgrìobhadh, chaidh bùth-obrach a chumail le buill le Peter Peacock an làthair agus thèid ùrachadh a dhèanamh air #14 airson coinneamh a' bhùird.

- 5.12 #17 – thèid na briathran atharrachadh gu “the pressure fund was consolidated as part of the core grant for 2020/21 onwards. Although we have not had any indication of any change to the grant amount for 2021/22 we are working on the assumption of £12.8m core grant plus £500k for SpeakGaelic.”
- 5.13 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidhean leis mar a bhathas a’ làimhseachadh nan cunnartan.
- 5.14 **Gnìomhan:** 1) thèid na riosgan air an comharrachadh ann an dearg air beulaibh a’ bhùird aig coinneamh na Samhna. (**Gnìomh: DMD**)

## 6. Pasgan Cunntasachd Q2 2020-21

- 6.1 Bhruidhinn NMG agus NP mu na cunntasan.
- 6.2 Tha an Tabhartas a chaidh a tharraing bho Riaghaltas na h-Alba gu ruige seo a rèir tabhartas a’ Phlana Obrachaidh. Leis na suimean de chothromachadh banca a chaidh a ghiùlan, chaidh an tarraing air ais seo aontachadh leis na seirbheisich chatharra aig an Riaghaltas agus, eadhon le riochdachaidhean air an cur dheth agus pàighidhean a chaidh a chuir dheth, tha ro-innleachd againn a tha an dùil làn chaitheamh den tabhartas ro dheireadh na bliadhna.
- 6.3 Chaidh na h-ath-riarachadh buidseit a chaidh aontachadh aig coinneamh a’ bhùird san t-Sultain a chuir a-mach gu mionaideach gu Riaghaltas na h-Alba agus Ofcom. Fhuair aonta bho na h-atharrachaidhean bhon roinn taic aig an Riaghaltas agus tha sinn a’ feitheamh ri freagairt bho Ofcom.
- 6.4 Tha stoc nam prògraman (£3.1m) a tha nas ìsle na an àbhaist aig an àm seo sa bhliadhna agus tha na toraidhean a chaidh an cur dheth ri fhaicinn anns a’ chothromachadh àrd banca de £2.8m. Tha an cothromachadh banca dùnaidh buidseit airson na bliadhna nas lugha na £100k a leigeas le beagan sùbailteachd aig deireadh na bliadhna ged nach eilear a’ sùileachadh an riatanas sin.
- 6.5 Chaidh ceist a chuir air buaidh air buidseatan nam biodh an dàrna glasadh-sluaigh ann. Chaidh innse gur ann air prògraman a bhiodh a’ phrìomh bhuaidh agus tha còmhraidhean a’ leantainn eadar sgioba nam prògraman agus na riochdairean. Chaidh a chomharrachadh ged a bhiodh glasadh-sluaigh eile ann nach bi e buileach coltach ris a’ chiad ghlasadh, le craoladh a-nis a’ tuiteam fo *Essential Working* agus nach biodh e coltach gun deigheadh riochdachadh a stad. Nam b’ e ‘s gum biodh glasadh-sluaigh ann, tha sruth-airgid na buidhne ìosal, a’ toirt sùbailteachd airson airgead a thoirt air adhart aig deireadh na bliadhna ionmhais. Cuideachd, thathas ann an còmhraidhean, agus comasach, stuthan a cheannach a-staigh ann an gnèithean a bharrachd na thathas an-dràsta.
- 6.6 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.

## 7. KPIs/Dashboard

- 7.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear. Tha an Dashboard a' dèanamh gearr-chunntas air ìre coileantachd Q2 (30/09/20) airson na bliadhn' ionmhais 2020-21 mu choinneimh Plana Obrachaidh na bliadhna.
- 7.2 Tha an Dashboard a' leantainn structar a' Phlana Obrachaidh agus a' sealltainn ìre coileantachd (a) na 10 prìomh KPIs agus (b) gach phrìomh slat-tomhais a bha air ainmeachadh sa Phlana Obrachaidh 2020-21. Tha na h-àireamhan stèidhichte air an dàta mionaideach a thathas a' cruinneachadh taobh a-staigh siostam KPIs na buidhne.
- 10 Prìomh KPIs (Q2 2020-21)*
- 7.3 Bha ìre toileachais an luchd-amhairc (KPI #2) agus aonta an luchd-amhairc le ro-innleachd (KPI #4) a' leantainn aig ìre àrd, agus bha ruigse an luchd-amhairc Gàidhlig (KPI #1) àrd airson an t-àm seo den bhliadhna. Tha cleachdadh LearnGaelic (KPI #8) air a bhith àrd sa bhliadhna agus fada air thoiseach air 2019-20.
- 7.4 Chan eil àireamhan an luchd-coimhid Nàiseanta ri fhaighinn aig an ìre sa airson Q1 & Q2 ri linn duilgheadas a' trusadh fianais ann an suidheachadh Covid. Thathas ann an còmhraidhean leis a' BhBC (a bhios ag obair le TNS air na h-àireamhan). Tha iad fhathast ag obair gu dèanamh cinnteach gu bheil na h-àireamhan earbsach agus gan cuir tro dheuchainn. Chaidh a chomharrachadh gur e a' cheist as motha dè an dòigh as èifeachdaiche àireamhan iomlan (global figures) a chuir an cèill airson BBC ALBA ann an saoghal ioma-ùrlar.
- 7.5 Tha seallaidhean susbaint air an i-Player làidir ach, às aonais buannachdan mòra co-cheangailte ri ball-coise eadar-nàiseanta, fèisean ciùil beò agus thachartasan eile (leithid Eurovision Choir), chan eil e air a bhith comasach na h-àireamhan mòra a chaidh fhaicinn ann an 2019-20 a libhrigeadh airson seallaidhean susbaint ghoirid (KPI #6).
- 7.6 Bhuannaich prògram mun chòmhlán Peat & Diesel duais mhòr aig fèis film ann an New York agus chaidh duais eile a chosnadh aig Prix Jeunesse, an fheis chliùiteach eadar-nàiseanta leis a' phrògram cloinne Gaisgich Òga an Dàrna Cogaidh (KPI #10).
- 7.7 Gu ruige seo sa bhliadhna chan eil sinn air prògraman co-mhaoinichte a chraoladh air BBC ALBA (KPI #5) ach nochdaidh diofar phrògraman co-mhaoinichte sa chlàr nas anmoiche sa bhliadhna.
- Performance Dashboard (Q2 2020-21)*
- 7.8 Tha an Dashboard seo a' toirt sùil nas mionaidich air cuid de na slatan-tomhais sa Phlana Obrachaidh 2020-21 a tha a' seasamh air cùl agus ri taobh na prìomh 10 KPIs.

- 7.9 Thathas air a bhith a’ cruthachadh mòran stuthan susbaint ghoirid airson LearnGaelic, YouTube is eile agus tha subscribers airson YouTube agus seallaidhean LearnGaelic thairis air na diofar ùrlaran air a bhith àrd.
- 7.10 Chaidh barrachd a chosg air prògraman sa chairteal agus bhathas faisg air an ìre àbhaisteach leis gun do thòisich riochdachadh a-rithist às dèidh a’ ghlasadh-sluaigh. An coimeas ris an-uiridh cha deach uimhir a chosg air prògraman co-riochdachaidh ri linn ’s gun deach prògraman a ghluasad (eg: EBU Dramas) ri linn Covid-19 agus nach ro tachartasan (mar Eurovision Choir) a’ gabhail àite am-bliadhna.
- 7.11 Chaidh ceistean a chuir a thaobh *discoverability* agus an e an t-adhbhar gu robh na figearan làidir an-dràsta ri linn s’ gu robh daoine aig an taigh barrachd ri linn Covid no bheileas a’ cleachdadh metadata ann an dòigh nas èifeachdail. Chaidh innse gu robh sin agus planadh ro-innleachdail a-thaobh prògraman agus susbaint cudromach.
- 7.12 Chaidh ceist a chuir a thaobh an ceangal eadar *viewers* and *subscribers* agus dè an eadar-dhealachadh a bh’ ann eatorra.
- 7.13 Chaidh ceist a chuir a thaobh an spike a chaidh fhaicinn san Fhaoilleach.
- 7.14 **Co-dhùnadh:** bha buill toilichte le coltas a KPIs agus Dashboard.
- 7.15 **Gnìomhan:** 1) Thèid Clàr na 10 Prìomh KPIs air adhart gu coinneamh a’ Bhùird agus ma gheibhear figearan nàiseanta thèid sin a chuir ris a’ phàipear; 2) gheibh buill na Comataidh freagairt air na ceistean aig 7.12/7.13 tro ph-dealain san ùine ghoirid air thoiseach. (**Gnìomh: DMD**)

## 8. Plana Leantainneach Gnothaich

- 8.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 8.2 Aig toiseach a’ Mhàirt 2020 chaidh Plana Leantainneach Gnothaich MG ALBA a chur an gnìomh airson cunnartan co-cheangailte ri Covid-19 a làimhseachadh. Bhon uair sin tha an Sgioba Leantainneach Gnothaich air a bhith a’ dèiligeadh ris an t-suidheachadh làn-ùine agus tha sin air buaidh sam bith air obair na buidhne a chumail aig ìre ìseal.
- 8.3 Tha suidheachadh Covid air dèanamh soilleir cho feumail ‘s a tha na deuchainnean leantainneach gnothaich air a bhith thairis air na bliadhnachan. Tha sin ri fhaicinn anns an dòigh misneachail anns a bheil an sgioba a’ làimhseachadh suidheachadh èiginneach agus an dòigh anns a bheil na planaichean ag obrachadh gu math ann an suidheachadh beò seach Deuchainneach. Tha e soilleir cuideachd gu bheil an sgioba ag ionnsachadh mòran fhad ‘s a tha suidheachadh Covid a’ leantainn agus thathas air puingeann ionnsachaidh feumail a bhiathadh a-steach dhan siostam.

- 8.4 Ged nach eil e air a bhith comasach deuchainn a chur air dòigh am-bliadhna tha e soilleir gu bheil suidheachadh beò mar Covid air dùbhlàn nas motha - agus aig a' cheann thall nas fheumaile - a chur air beulaibh an sgioba leantainneach gnothaich. Aig deireadh an latha tha seo cudromach ann a bhith a' neartachadh planaichean leantainneach gnothaich na buidhne.
- 8.5 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riarachta leis mar a tha cùisean gan làimhseachadh.
- 8.6 **Gnìomhan:** thèid deuchainn leantainneach gnothaich a chur air dòigh ann an 2021 nuair a bhios e freagarrach agus comasach sin a dhèanamh ann an dòigh èifeachdail agus buannachdail.

## 9. **Aithisg bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd**

- 9.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnail air Slàinte is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.
- 9.2 Bhruidhinn NMG mun aithisg bhliadhnail air beulaibh bhall, a bha a' dearbhadh gu bheileas a' coileanadh ar dleastanas a thaobh riaghailtean *Health and Safety at Work Act 1974* agus gu bheileas a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte.
- 9.3 A thuilleadh air COVID-19, air am bi buill gan cumail fiosraichte aig gach coinneamh, cha robh ceistean mòra sam bith ann mu Slàinte & Sàbhailteachd tron bhliadhna ach gu robhas a' toirt gu aire nam ball na bha sgrìobhte fo puingeann 2.3 agus 2.4 sa phàipear
- 9.4 Chaidh a chomharrachadh fo 2.4 gun deach rannsachadh a dhèanamh agus ged a chaidh innse aig coinneamhan gur ann aig Comhairle nan Eilean Siar, mar uachdarain, a bha uallach airson deuchainn sàbhailteachd teine agus deuchainn dealain (electrical installation testing) nuair a chaidh sùil a thoirt air an lios gur ann air MG ALBA a bha an t-uallach a' tuiteam.
- 9.5 Chaidh taing a nochdadh chun sgioba airson aithisg cho coileanta a chruthachadh.
- 9.6 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riarachta.
- 9.7 **Gnìomhan:** 1) thèid obair a dhèanamh mar aig 9.4 gu h-àrd agus 2) thèid an aithisg air adhart chun bhùird aig coinneamh na Samhna. **(Gnìomh: NMG)**

## 10. In-sgrùdadh 2020/21 – Slàinte & Sàbhailteachd

- 10.1 Dh'aontaich a' Chomataidh cheana gun tèid aithisg in-sgrùdaidh Slàinte is Sàbhailteachd a chuir air chois. Bha pàipear air beulaibh bhall mun adhartas gu ruige seo sa phròiseas tairgse agus bhruidhinn NMG mu dheidhinn.
- 10.2 Chaidh innse gun deach an cuireadh gu tairgse a chuir air làrach-lìn *Procurement Scotland* agus air làrach-lìn MG ALBA air 8/10/20. 'S e raon-dleistanais coitcheann an in-sgrùdaidh measadh agus aithris a dhèanamh air èifeachdas agus earbsachd an t-siostam riaghlaidh Slàinte & Sàbhailteachd aig MG ALBA, planaichean a dhealbh airson gnìomh ceartachaidh riatanach sam bith agus dèanamh cinnteach gu bheil na modhan agus poileasaidhean Slàinte & Sàbhailteachd a rèir an reachdas. Bidh e cuideachd ag aithris air na chaidh a dhèanamh gus dèiligeadh ri cuingealachaidhean co-cheangailte ri COVID-19.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** Bha buill toilichte leis a' phròiseas agus an clàr-ama.
- 10.4 **Gnìomhan:** thèid am pròiseas a leantainn agus thig aithisg dheireannach air beulaibh na Comataidh sa Ghearran 2021. (**Gnìomh: NMG**)

## 11. Sgeama Peinnsein

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn NMG mu dheidhinn.
- 11.2 Thèid lèirmheas air an ath-sgrùdadh 3-bliadhna air sgeama peinnsein MG ALBA a dhèanamh agus bidh an lèirmheas a' coimhead air coileanadh solaraichean nan sgeamaichean agus an coimeas ri sgeamaichean eile san roinn phoblach ann an Alba.
- 11.3 **Co-dhùnadh:** Bha buill toilichte leis a' phròiseas agus an clàr-ama.
- 11.4 **Gnìomhan:** thèid am pròiseas a leantainn agus thig aithisg dheireannach air beulaibh na Comataidh sa Ghearran 2021. (**Gnìomh: NMG**)

## 12. Riaghlachas agus Dleastanas na Comataidh

- 12.1 Ann an 2019, choimisean Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh in-sgrùdadh air èifeachdas a' Bhùird. Thàinig an obair sin gu crìch sa Ghearran 2020, le ìre dearbhaidh "susbainteach" ga thoirt seachad le Wylie & Bisset. Aig coinneamh a' Bhùird sa Mhàrt 2020, dh'iarr am Bòrd gun dèanadh Wylie & Bisset 3 pìosan obrach a bharrachd – aon phìos air ròl agus structar Chomataidhean MG ALBA. Rinn Wylie & Bisset molaidhean mar a leanas: a) Ròl, dleastanas agus ainm Comataidh Inbhean atharrachadh gu susbainteach; b) Comataidh Adhbharan Choitcheann a stèidheachadh agus c) Uallaichean airson tuarastail agus daoine a ghluasad bhon Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh.
- 12.2 Air 17/7/2020, bha là trànaidh aig Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh, agus chaidh

- beachdachadh às dèidh làimh air mar a b' urrainn sin cuideachadh le obair na Comataidh. Rinn am Bòrd, air 23 Sultain 2020, ath-sgrùdadh air molaidhean nan Comataidhean.
- 12.3 Bha pàipear air beulaibh bhall le molaidhean airson structar Chomataidhean MG ALBA agus ceistean sònraichte mu dhleastanasan Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh fon structar ùr.
- 12.4 Chaidh deasbad a chumail air an robh a' Chomataidh riarachd le mar a tha dleastanas na Comataidh seo air a chuir a-mach agus chaidh beachdan a thrusadh air dleastanas na Comataidh a ghabhas àite Chomataidh Inbhean.
- 12.5 Bha ceist ann a thaobh an ról a bharrachd a bhiodh aig a' Chomataidh seo a thaobh Sgrùdadh In-thaigh agus ciamar a dh' oibriceadh sin ann an da-rìribh agus leis an Frèama-obrach ùr (Puing 13 air a' chlàr). Bha aonta ann, a' leantainn trèanadh EARC gum biodh e iomchaidh ról nas motha a bhith aig Sgrùdadh In-thaigh ann am pròiseas dearbhaidh na Comataidh agus ann a bhith a' toirt comhfhurtachd dhan Àrd-Oifigear mu shiostaman agus mhodhan-smachdachaidh, agus gum bu chòir coimhead ri trì no ceithir a chuspairean gach bliadhna seach aona chuspair mar a thathas a' dèanamh an-dràsta. Chaidh aontachadh gun deigheadh coimhead air In-Sgrùdadh ann an co-theacsa Frèama-obrach Dearbhaidh aig an ath choinneimh.
- 12.6 Bha ceist ann a thaobh dè an t-uallach agus an dleastanas a bhiodh aig a' Chomataidh a thaobh Pasgan Cunntasachd na buidhne. Bha beachd ann nach bu chòir a' Chomataidh a bhith a' coimhead ri ciamar a tha buidseatan gan cosg (bidh an t-uallach seo aig a' Chomataidh Inbhean ùr) ach gu feum iad sùil a chumail air Cunntasan Stiùiridh na buidhne, aithisgean air-leth (exception reporting) an Àrd-Oifigear mu chleachdadh an ùghdarras airson buidseatan a tha tiomnaichte thuige, agus ceistean leithid na suimean a bhiodh iomchaidh no ceadachd dhan bhuidheann a bhith a' tarraing air aghaidh bho aon bhliadhna chun ath-bhliadhna.
- 12.7 Chaidh aontachadh gu bheil feum ann airson aona choinneamh bùird a bharrachd gach bliadhna a thuilleadh air na coinneamhan ràitheil, nach biodh ceangailte ri clàr-chùisean àbhaisteach nan comataidhean.
- 12.8 **Co-dhùnadh:** Dh'aontaich buill, le gealltanais gun tèid coimhead ri na cuspairean gu h-àrda, ri dleastanas ùr na Comataidh seo agus dh'aontaich iad cuideachd gu bheil structar ùr nan Comataidhean a' neartachadh riaghlachas (governance).
- 12.9 **Gnìomhan:** 1) thèid sgioblachadh a dhèanamh air a' phàipear agus thèid a chuir air beulaibh a' bhùird aig coinneamh na Samhna agus 2) ma thèid aontachadh leis a' bhòrd gun tèid atharraichean a dhèanamh ann an Riaghailtean Ionmhasail agus Gnàth Riaghailtean na buidhne. (Gnìomh: DC)



### 13. Frèama-obrach/Mapa Dearbhaidh

- 13.1 Rinn an cùrsa trèanaidh EARC air 17/7/20 moladh gum biodh Frèam-obrach agus/no Mapa Dearbhaidh aig a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh. Bha pàipear air beulaibh bhall agus bhruidhinn NMG mu dheidhinn, a' mìneachadh ciamar as urrainn Frèam-obrach Dearbhaidh a bhith feumail do dh'obair MG ALBA agus gus modhan-obrach riaghalachas na buidhne a neartachadh.
- 13.2 Chaidh a chomharrachadh gur e seo rudeigin aig a dh'fhaodadh beachdan a bhith aig buidheann riosg na buidhne (CRG) agus chaidh a dhaingneachadh leis gu bheil an CRG a' coimhead air cunnartan obrachaidh is modhan-obrach gum biodh iad feumail don phròiseas dearbhaidh.
- 13.3 Chaidh a chomharrachadh gur e a' chiad loidhne dìon gu sònraichte na smachdan sin a tha air an ruith le luchd-obrach agus an dàrna loidhne fo stiùir an fheadhainn a tha air leth bhon obair dhìreach, me, an sgioba àrd-stiùiridh, comataidhean, luchd-comhairleachaidh msaa.
- 13.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 13.5 **Gnìomhan:** thèid dreach Mapa Dearbhaidh airson MG ALBA ullachadh airson na h-ath choinneimh den Chomataidh. (**Gnìomh: NMG**)

### 14. Poileasaidhean dhaonna

- 14.1 Bha pàipear deasbaid bhon Àrd-Oifigear, pàipear deasbaid bhon Chomhairliche HR agus poileasaidhean fastaidh agus obrach sùbailte fa chomhair nam ball. (Bha tionndadh ceàrr de dh'aona phàipear aig buill ach chaidh am fear ceart a chur air sgrìn aig a' choinneamh agus a chuirteachadh aig deireadh na coinneimh.).
- 14.2 Bhruidhinn DC mun deidhinn, a' mìneachadh gu bheileas a' toirt sùil air poileasaidhean agus cuspairean dhaonna (HR) airson an ùine mheadhanach agus fhada, ann am pàirt air sgath na h-atharrachaidhean a bha a' tachairt tro Covid-19.
- 14.3 Chaidh a chomharrachadh nach b' e lèirmheas àbhaisteach air poileasaidhean a bha seo ach airson deasbad a chumail le buill air an t-slighe air adhart.
- 14.4 Bha aithne ann gu bheil *facilities management* air sìneadh a-mach gu bhith a' coimhead às dèidh luchd-obrach sna dachannan aca fhad 's a bha iad ag obair bhon taigh agus a' dol air adhart gum bi feum air coimhead air dè na dleastanas eadar-dhealaichte a bhios air cuid den luchd-obrach againn.
- 14.5 Bha aithne ann gu bheil taobh ann a dh'fheumas coimhead ri feumalachdan slàinte & sàbhailteachd (leithid Display Screen Equipment assessment) agus taobh eile a dh'fheumas coimhead ri slàinte inntinn agus sùnd.

- 14.6 Bha aithne ann gur e an t-àm a bu chudromaiche a bhiodh romhainn nuair a bhiodh e ceadaichte tilleadh gu oifisean gun bhacaidhean, agus gur e sin an t-àm airson poileasaidhean ùraichte a chur an cèill.
- 14.7 Bha deasbad ann a thaobh diofar phuingean leithid a) ag ath-smaoineachadh air an àm ri teachd; b) a’ leasachadh mhodalan gnìomhachais seasmhach; c) pàtranach obrach measgaichte airson sgioba-obrach sùbailte; d) coimhead ri togalaichean agus àiteachan obrach; e) Slàinte & Slàinte Inntinn - raon cudromach air a dh’fheumas sùil gheur a chumail; f) Fastadh - faodaidh obrachadh bhon taigh buannachdan a thabhann leis gu bheil e a’ fosgladh raon nas fharsainghe a thaobh fastadh; g) am measg nan cùisean làimhseachail bha: am bu chòir do bhuidhnean “cuibhreann ag obair bhon dachaigh” a phàigheadh agus g) dè na dleasan slàinte is sàbhailteachd a th’ aig MG ALBA a thaobh an neach-obrach san dachaigh.
- 14.8 **Co-dhùnadh:** 1) chaidh deasbad a chumail mun t-suidheachadh san fharsaingeachd ach nach robhas a’ smaoineachadh gur e seo an t-àm co-dhùnadh a dhèanamh air poileasaidhean atharrachadh; 2) thèid cothrom a ghabhail beachdachadh air cùisean agus thèid cumail a’ dol leis an obair a bhith a’ coimhead air na nithean seo uile gus am bi an t-àm ann far a bheil e ceadaichte daoine tilleadh chun na h-oifisean ach nach tèid na poileasaidhean atharrachadh aig an àm seo.
- 14.9 **Gnìomhan:** a) thèid an tuilleadh obrach a dhèanamh thairis air mìosan a’ gheamhraidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach air an coimhead às an dèidh gu dlùth agus gu lean na siostaman a tha suidhichte gus a bhith a’ conaltradh le manaidsearan-loidhne agus co-obraichean; 2) thèid fainear a thoirt do stiùireadh sam bith a thig bhon riaghaltas; 3) thèid leasachadh a dhèanamh air pàipear 3.1 agus thig e air beulaibh a’ Bhùird aig coinneamh na Samhna. **(Gnìomh: DC)**
- 14.10 Chaidh aithneachadh bho seo a-mach nach ann aig a’ Chomataidh seo a bhiodh uallach poileasaidhean dhaonna.

## 15. GISBE

15.1 Cha robh gin.

## 16. Deit na h-ath choinneimh – Gearran 2021

Ainm sgrìobhte a’ chathraiche:

Deit: